

Geàrr-chunntas atharrachaidhean Cùrsa Nàiseanta: Gnìomhachas Matamataigs



Nàiseanta 4, Nàiseanta 5, Àrd-Ìre: seisean 2021–22

Nàiseanta 4

Aonad luach leasaichte

Tha an riatanas airson an aonad luach leasaichte a chrìochnachadh air a thoirt air falbh airson seisean 2021–22. Gus an duais cùrsa iomlan airson Nàiseanta 4 a choileanadh san t-seisean seo, feumaidh tagraichean pas fhaighinn sa h-uile h-aonad eile sa chùrsa Nàiseanta 4. Feumaidh tu toradh ‘pas’ a chur a-steach airson an aonad luach leasaichte gus dèanamh cinnteach gu faigh na tagraichean agad teisteanas airson duais a’ chùrsa.

Cha leig thu leas fianais a chruinneachadh airson an aonad luach leasaichte san t-seisean seo; ach, tha e cudromach gun toir thu cothroman do thagraichean na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha air am mìneachadh ann an sònrachadh aonad luach leasaichte Nàiseanta 4 a leasachadh agus a thaisbeanadh, far a bheil sin comasach. Bheir seo taic do na tagraichean agad agus iad a’ dol air adhart gu tuilleadh ionnsachaidh agus measaidh aig ìre 5 SCQF.

Nàiseanta 5

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Pàipear nan ceistean 1	35	50 mionaidean
Pàipear nan ceistean 2	55	1 uair 40 mionaid

Pàipear nan ceistean

Cha tèid na raointean a leanas a mheasadh ann am pàipearan nan ceistean ann an seisean 2021–22:

- ◆ dealbhan-sgèile
- ◆ a’ planadh slighe seòladaireachd
- ◆ loidhne as freagarraiche

Àrd-Ìre

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Pàipear nan ceistean	65	2 uair 5 mionaid

Pàipear nan ceistean

Cha tèid na raointean a leanas a mheasadh ann an seisean 2021–22:

- ◆ modaileadh matamataigeach — ag obrachadh a-mach buaidh mearachd agus fulangais taobh a-staigh mhodailean matamataigeach:
 - ag obrachadh a-mach crìochan airson thomhasan fillte: mar eisimpleir, luaths, dlùths no ùineachan siubhail
 - a' dearbhadh a bheil pròiseas taobh a-staigh fulangais
- ◆ ionmhas — àrachas:
 - tuigsinn adhbhar bathar àrachais
 - dèanamh anailis air na cunnartan co-cheangailte ri bathar àrachais
- ◆ staitistigs – a' cur sgilean staistigeil an gnìomh ann an coltachd bhunaiteach
 - a' dèanamh diagraman craoibhe agus diagraman Venn
 - a' dèanamh obrachadh a-mach bunaiteach a' toirt a-steach measgachadh de thachartasan, far am faodar fiosrachadh a thaisbeanadh ann an clàran no grafaichean, leithid diagraman craoibhe agus diagraman Venn
- ◆ a' planadh agus a' dèanamh cho-dhùnaidhean
 - a' tuigsinn agus a' mìneachadh cunnart le bhith a' tomhas luach cosgaisean agus buannachdan cho-dhùnaidhean

Pròiseact

Cha tèid atharrachaidhean sam bith a dhèanamh ris a' phròiseact airson seisean 2021-22.

Ma tha ceist sam bith agad mu na h-atharrachaidhean seo, cuir post-d gu qualification.development@sqa.org.uk.